

Seachdain nan Teaghlaichean a' cur ri bhith cruthachadh dachaigh Ghàidhlig

Tha pàrantan sgoilearan Gàidhlig bho air feadh na h-Alba a' tighinn còmhla aig Sabhal Mòr Ostaig an t-seachdain seo gus Gàidhlig ionnsachadh tro chùrsa a tha a' toirt a' chothruim do dhaoine dachaigh agus àrainneachd Ghàidhlig a chruthachadh do chloinn.

Mar thoradh air mar a tha an àireamh de sgoilearan Gàidhlig air a dhol am meud o chionn ghoirid, tha barrachd is barrachd phàrantan ann aig nach eil Gàidhlig a tha airson beagan dhen chànan a thogail. Tha Seachdain nan Teaghlaichean aig a' Cholaiste Ghàidhlig san Eilean Sgitheanach a' toirt a' chothruim sin dhaibh aig grunn ìrean agus 's urrainn do phàrantan an cuid chloinne a thoirt leotha.

Thuir Dàibhidh Byrne, Oifigear nan Cùrsaichean Goirid aig Sabhal Mòr Ostaig: “Fhad 's a tha na h-inbhich sna clasaichean, tha a' chlann ri dibhearsain agus spòrs san sgoil ionadail tron sgeama-chluiche againn a tha sinn a' ruith fad na seachdain, agus tha an fheadhainn fo aois còig bliadhna a' dol gu Fàs Mòr, an t-ionad cùram chloinne againn ann an Slèite.

“Tha an cùrsa air fàs gu mòr thar na trì bliadhna bhon thòisich e agus fhad 's a tha sgoiltean Gàidhlig mar Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' fàs, tha sin a' ciallachadh gu bheil barrachd iarrtas ann airson an seòrsa cùrsa seo. Tha an t-seachdain a' còrdadh gu mòr ris a' chloinn agus ri am pàrantan. Agus thathar an dòchas gun cur e ri bhith cruthachadh dachaigh agus àrainneachd Ghàidhlig dhan chloinn.”

Lean Mgr Byrne air: “Tha mi cianail toilichte gu bheil an cùrsa seo a fàs nas soirbheachail gach bliadhna. 'S e cothrom uabhasach feumail a th' anns an t-seachdain seo gu h-àraidh son pàrantan aig nach eil tòrr cothrom Gàidhlig a bhruidhinn is a chluinntinn ann an suidheachadh nàdarrach is cuideachail. A bharrachd air sin tha a' chlann fhèin air cothrom fhaighinn son Gàidhlig a chleachdadh le clann eile bho air feadh an àite.”

Bha daoine ann bho Lannraig a Tuath, Glaschu agus a' Ghàidhealtachd an t-seachdain sa chaidh aig a' chiad Seachdain nan Teaghlaichean agus an t-seachdain seo thàinig pàrantan bho Dhùn Èideann, Inbhir Chluaidh agus bho air feadh na Gàidhealtachd.

'S e com-pàirteachas a th' anns a' chùrsa eadar Sabhal Mòr Ostaig agus Comhairle na Gàidhealtachd le cuideachadh bho Chomhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Lannraig a Tuath, Comhairle Inbhir Chluaidh agus taic bhon bhuidhinn leasachaidh Community Learning and Development (CLAD). Tha na pàrantan a' faighinn taic airgid a phàigheas cuid de na cosgaisean agus chan fheum iad dad a phàigheadh airson an sgeama-chluiche no Fàs Mòr.

Fiosrachadh don luchd-deasachaidh:

1. 'S e Colaiste Ghàidhlig na h-Alba a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig (suidhichte ann an Slèite san Eilean Sgitheanach) a tha air grunn dhuaisean fhaighinn a thaobh càileachd an fhoghlaim a tha iad a' liubhairt. Tha iad a' liubhairt

chùrsaichean Dioplòma, Ceum is For-cheum a bharrachd air cùrsaichean air astar, uile tro mheadhan na Gàidhlig.

2. 'S iad na cùrsaichean làn-thìde a tha SMO a' liubhairt: Cùrsa Comais, Gàidhlig is Conaltradh, BA is BA (le urram) ann an Cànan is Cultar na Gàidhlig, BA is BA (le urram) Gàidhlig is Iomall a' Chuain Siar, BA Gàidhlig agus na Meadhanan, Dioplòma sna Meadhanan Gàidhlig agus For-cheum ann an Cultar Dùthchasach agus an Àrainneachd. A bharrachd orra sin tha an Cùrsa Inntigidh agus na cùrsaichean goirid a tha ruith tron t-samhradh agus an cùrsa pìolatach ùr 'Cuir Peann ri Pàipear' gan ruith.

AIRSON TUILLEDADH FIOSRACHAIDH LEIGIBH FIOS DO:

Fiona Dunn (Oifigear Margaideachd aig SMO) air 01471 888 215 no

sm00fd@groupwise.uhi.ac.uk

Dàibhidh Byrne air 01471 888240

Crìoch...